



# Fiosrachadh do theaghlaichean a' fuireach an Alba

## A' Coimhead às Dèidh Cloinne: Fiosrachadh do theaghlaichean a' fuireach an Alba

Ann an Alba, gu h-àbhaisteach, 's e a th' ann am pàiste cuideigin fo 16. Tha na laghan an Alba co-cheangailte ri clann agus òigridh stèidhichte air na prionnsabalan:

- Gur e math a' phàiste as cudromaiche
- Tha còir aig gach pàiste air dìon bho gach seòrsa droch dhìol, dearmad no daoine a' gabhail brath orra
- Gu h-àbhaisteach, 's iad na pàrantan a bu chòir an cuid chloinne a thogail

Tha diofar laghan an Alba, a tha deilbhte gus dèanamh cinnteach gum faigh clann agus deugairean cùram ceart agus gum bi iad air an dìon. 'S ann an urra ris a' phoileas a tha e gus dèanamh cinnteach gu bheil na laghan seo air an coileanadh, ach tha dleasan aig gach buidheann-gnìomha agus buidheann poblach dèanamh cinnteach gun cumar ris an lagh. Cuideachd, tha sinn a' gabhail ris gu bheil e mar uallach air a h-uile duine dèanamh cinnteach gu bheil clann agus òigridh sàbhailte, às bith an e pàrant no ball den mhòr-shluagh a th' annta.

## Peanasachadh corporra do chloinn

Ann an Alba tha an lagh a' dìon chloinne bho pheanasachadh:

- a tha ro chruaidh
- far a bheil cus neirt ga chleachdadh
- a nì cron orra

Cha bu chòir dhuibh ur pàiste a smachdachadh ann an dòigh far a bheil sibh a' toirt sgleog no buille dhaibh.

Tha e toirmisgte fo ar laghan clann a pheanasachadh le bhith:

- Gan crathadh
- Toirt buille dhaibh mun ceann
- Cleachdadh uidheam gus clann a "pheanasachadh" (mar bhròig, slait, sliopair)

Thèid cùis sam bith far a bheil coltas gu bheil a' dèanamh droch dhìol corporra air pàiste a rannsachadh le Seirbheisean Dìon Chloinne. Tha dòighean peanasachaidh corporra do chloinn is òigridh, a tha cunnartach, toirmisgte fon lagh an Alba.

## Clann air am fàgail leotha fhèin

Cha bu chòir dhuibh clann òga fhàgail gun duine còmhla riutha uair sam bith, fiù 's airson greis bhig. Rannsachaidh am Poileas a' chùis agus 's dòcha gun tèid cùis lagha a thogail nur n-aghaidh ma thèid càil ceàrr no ma thèid ur pàiste a ghoirteachadh no cron a dhèanamh orra seach gun deach am fàgail leotha fhèin. Na fàgaibh ur pàiste ach fo chùram inbheach earbsach.

Bu chòir dhuibh daonnan oidhirp a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil sibh riarachtaichte gu bheil duine sam bith, a dh'fhaodadh a bhith coimhead às dèidh ur pàiste, ciallach agus earbsach.

Na fàgaibh ur pàiste le srainnsear uair sam bith.

### **Clann is Obair**

Chan fhaod clann fo aois 13 obair ann an Alba. Chan fhaodar pàiste sam bith fo 16 fhastadh airson obair ro 7m no às dèidh 7f. Chan fhaod clann fo 16 obair barrachd is 2 uair a thìde san latha, latha sam bith, ach Disathairne nuair a dh'fhaodas iad obair gu suas ri 5 uairean a thìde (ma tha iad fo 15) agus suas ri 8 uairean a thìde (ma tha iad 15 no nas sine).

Chan fhaod clann obair rè uairean na sgoile, agus chan fhaod iad obair ach uair a thìde mus tòisich an sgoil. Tha e toirmisgte do chloinn a bhith ag obair ann an àite gnìomhachais sam bith (a' gabhail a-steach factaraidhean agus làraich togail) no a bhith an sàs ann an obair sam faodadh iad cron a dhèanamh air an slàinte, mathas no foghlam.

### **Clann is ag iarraidh dèirc**

A rèir laghan na h-Alba chan fhaod pàrantan no luchd-cùraim leigeil le cloinn a bhith ag iarraidh dèirc. 'S e eucoir a th' ann ann an Alba leigeil le no a bhith ag adhbharachadh clann fo 16 a bhith ag iarraidh dèirc. Tha sin a' ciallachadh gur ann an urra ris na pàrantan a tha giùlan an cuid chloinne agus 's dòcha gun togar casaidean nan aghaidh ma leigeas iad leis a' chloinn aca dèirc iarraidh. Ma chì daoine clann ag iarraidh dèirc, tha e gu math buailteach gun innis iad don phoileas mu dheidhinn.

### **Gearradh Bhall-gineamhainn Boireannta (GBB)**

Tha e mì-laghail ann an Alba:

- an obair lannsa seo a dhèanamh
- an obair lannsa seo a dhèanamh ann an dùthaich eile
- cur air dòigh gus an obair lannsa seo a dhèanamh ann an dùthaich eile fiù 's nuair a tha ceadaichte fon lagh an sin.

Tha Gearradh Bhall-gineamhainn Boireannta uabhasach cronail. Faodaidh e fulangas inntinn agus corporra maireannach adhbharachadh. Tha e a' dol an aghaidh nan còraichean as bunaitiche aig mac an duine agus tha e toirmisgte an Alba.

### **A' Sparradh Pòsadh**

Tha sparradh pòsadh mì-laghail an Alba agus thathar a' coimhead air mar rud a tha an aghaidh chòraichean mhic an duine. Rannsaichidh am Poileas a' chùis ma thèid innse mu eucoir far an tugadh air pàiste no òganach pòsadh an aghaidh an toil. Tha clann, air an deach pòsadh a sparradh no air an deach droch dhìol corporra, feise no faireachail a dhèanamh mar thoradh air sin, fo dhìon an lagha agus thèid droch dhìol a rannsachadh le Seirbheisean Dìon Cloinne.

### **Feise agus Òigridh**

'S e eucoir a th' ann an Alba càirdeas feise a bhith ann eadar inbhich agus clann fo aois 16.

Tha ùidh nàdarra aig òigridh ann am feise agus càirdeas feise. Tha còir aca air Foghlam Slàinte, taic agus dìon. Tha seo aithnichte tro Sheirbheisean Foghlaim is Slàinte ann an Alba.

Ge-tà, tha uallach air inbhich mothachadh dha nuair a dh'fhaodadh càirdeas le òigridh a bhith cronail no a' gabhail brath orra. Bu chòir do dh'inbhich rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn agus taic a thabhann ma tha iad a' smaoinneachadh gu bheil seo a' tachairt. Ann an suidheachaidhean mar seo, feumaidh inbhich beachdachadh air innse mun chùis do na h-ùghdarrasan air chor 's gun tèid an t-òganach/ òigridh a dhìon mar bu chòir.

Tha e cudromach gu bheil fios aig daoine gum faod inbhich a bhith deisealachadh clann is òigridh agus iad am beachd cron a dhèanamh orra. Dh'fhaodar "deisealachadh" a ràdh ri suidheachadh nuair a tha inbheach a' cur fios, a' coinneachadh no a' dèanamh càirdeas ri pàiste no òganach agus iad am beachd droch dhìol feise a dhèanamh orra. Ma tha dragh oirbh gu bheil cuideigin a' deisealachadh ur pàiste no pàiste eile san dòigh seo, faighibh comhairle agus innsibh don Phoileas mu dheidhinn daonna.

### **Ur Dleastanasan**

Ma tha sibh nur pàrant no neach-cùraim, tha e mar dhleastanas oirbh dèanamh cinnteach gu bheil ur pàiste sàbhailte is toilichte.

Gu h-àbhaisteach, tha pàrantan a' coileanadh nan dleastanasan aca gun fheum air buidhnean stàite a bhith a' gabhail gnothaich ri cùisean. 'S ann cudromach a tha e ann an Alba gu bheil gnothaichean an teaghlaich, san fharsaingeachd, air am fàgail aig pàrantan agus buill an teaghlaich. Ge-tà, tha e a' cheart cho cudromach gu bheil a h-uile duine a' cur prìomhachas air dìon agus math na cloinne agus na h-òigridh. Ma tha cuideachadh a dhìth oirbh le gin de na cùisean seo, tha grunn bhuidhnean ann gus cuideachadh.

### **Social Work**

Bathgate: 01506 284 000

Broxburn: 01506 284 440 (option 2)

Livingston: 01506 282 252

**Out-of-hours Social Work (evenings, weekends and national holidays):** 01506 281 028/9

**Police:** 101

**Emergency services:** Police, Fire Service, Ambulance: 999

### **Health Services**

NHS 24 (open 24 hours) - 111

To register with a GP see : <http://www.westlothianchcp.org.uk/article/2925/GP-Practices>

**Education Services:** 01506 280000

**Domestic Abuse and Sexual Assault Team:** 01506 281 055

**Childline:** 0800 1111

**Parentline:** 08000 282 233